

CO-LATHA-BREITH CHAILEIN

Tha Seonag agus Cailean a' bruidhinn mu cò dha a bheir iad cuireadh.

Seonag: 'S tha horo-gheallaidh gu bhith agad!
 Cailean: Horo-gheallaidh, dè fon ghrèin a tha sin?
 Seonag: Pàrtaidh mòr le tòrr bìdh is geamannan is cur-seachadan, coltach ris a' phàrtaidh a tha gu bhith agadsa. Cò dha a thug thu cuireadh?
 Cailean: Uill, thug mi cuireadh do Sheumas is do dh'Alasdair is do Bhrian.
 Seonag: An tug thu cuireadh do Shìneag is do Fiona idir?
 Cailean: Cha tug.
 Seonag: An toir mise cuireadh dhaibh?
 Cailean: Bheir, ma tha thu ag iarraidh.
 Seonag: Bidh e nas fhasa dhòmhsa fònadh, nach bi?
 Cailean: Bidh, agus bheir Sìneag cuireadh do a piuthar, Fiona.
 Seonag: Math dha-rìribh. Canaidh mi rithe cuireadh a thoirt dhì.

Nas fhaide air adhart, tha Seonag a' fònadh gu Sìneag.

Seonag: Halò, a Shìneag. Tha partaidh gu bhith aig Cailean againn Disathairne. An tèid agad air tighinn ann?
 Sìneag: Thèid, tha mi a' smaoineachadh, ach feumaidh mi faighneachd do Mhamaidh.
 Seonag: Glè mhath, siuthad ma-thà. (stad)
 Sìneag: Bidh e ceart gu leòr. Thuirt Mamaidh gum faod mi tighinn.
 Seonag: Math dha-rìribh. An tèid agad air cuireadh a thoirt do Fiona cuideachd?
 Sìneag: Thèid.
 Seonag: Glè mhath, ma-thà. Chì sinn Disathairne thu.
 horo-gheallaidh – shindig

Rèitich agus can a bheil na leanas **ceart no ceàrr**.

Unscramble and say whether the following are true or false.

1. gu bhith/Cailean/horo-gheallaidh/aig/tha
2. a dh'Alasdair/e cuireadh/dh'fhaighnich Seonag/a thug/cò dha
3. a dh'Alasdair/Cailean/cuireadh/thug/do Shìneag/agus
4. Seonag/thug/do Shìneag/nuair/cuireadh/a dh'fhòn i thuice

Eadar-theangachadh: Joan and Colin are discussing who they'll invite. Joan: So you're going to have a shindig. Colin: A shindig? What on earth is that? Joan: A big party with lots of food and games and fun like the one we're going to have. Who did you invite? Colin: Well, I invited James and Alasdair and Brian. Joan: Didn't you invite Jenny and Fiona? Colin: No. Joan: Will I invite them? Colin: Yes, if you want. Joan: It'll be easier for me to phone, won't it? Colin: Yes, and Jenny will invite her sister, Fiona. Joan: That's great. I'll call her to invite her. Later, Joan telephones Jenny. Joan: Hello Jenny. Our Colin's having a party on Saturday. Can you come? Jenny: Yes, I think so, but I'll have to ask Mum. Joan: Very well, go on then. (pause) Jenny: It'll be OK. Mum said I can come. Joan: Excellent. Can you invite Fiona as well? Jenny: Yes. Joan: Very good than. We'll see you on Saturday. **Freagarraichean:** 1. Tha horo-gheallaidh gu bhith aig Cailean/Colin is going to have a shindig (true) 2. Dh'fhaighnich Seonag do dh'Alasdair cò dha a thug e cuireadh/Joan asked Alasdair who he invited (false) 3. Thug Cailean cuireadh do dh'Alasdair agus do Shìneag/Colin invited Alasdair and Jenny. (false) 4. Thug Seonag cuireadh do Shìneag nuair a dh'fhòn i thuice/Joan invited Jenny when she telephoned her. (true)